

Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba Goireas fèin-luachaidh

Ath-ùraichte an t-Sultain 2020

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
<u>Cùl-raon Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba</u>	3
<u>Fèin-luachadh airson ceartas</u>	6
<u>Cuspairean</u>	6
a) <u>Riaghlachas agus stiùireadh</u>	7
b) <u>Dàta agus a' dùnadh na beàirn</u>	9
c) <u>Fèin-luachadh agus rannsachadh</u>	11
d) <u>Maoineachadh Ceartas an Sgoileir</u>	13
e) <u>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</u>	15
f) <u>Ionnsachadh proifeasanta agus a' co-roinneadh dhòighean-obrach</u>	17
g) <u>Cosnachadh phàrantan</u>	19
h) <u>A' co-obrachadh le com-pàirtichean</u>	21
i) <u>Cosg latha na sgoile</u>	22
<u>Eàrr-ràdh 1 - A' dùnadh na beàirn coileanaidh: 11 prìomhachasan</u>	24
<u>Eàrr-ràdh 2 - Ceanglaichean ri sgrùdaidhean an ùghdarras ionadail</u>	27
<u>Eàrr-ràdh 3 - Ceanglaichean feumail eile</u>	29

Ro-ràdh

Chaidh an goireas seo fhoillseachadh an toiseach anns an Dùbhlachd 2019. 'S e adhbhar a' ghoireis fhèin-luachaidh seo a chur taic ri coileanadh ceartais ann am foghlam na h-Alba. Thathar a' deilbheadh a' ghoireis seo gus sgoiltean¹, ùghdarrasan ionadail, co-obrachaidhean sgìreil agus com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta a chuideachadh ann an leasachadh a bharrachd a dhèanamh aig an àm ath-bhuannachd seo. Chaidh a chleachdadh gu farsaing le sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt don obair aca a thaobh ceartas a choileanadh. Tha a' bhuidhe a bh' aig Covid-19 o chionn a' Mhàirt 2020 a' toirt eòlas fhoghlaim gun ro-shampall do chlaoinn agus òganaich na h-Alba. A dh'aindeoin na h-oidhirpean as fhèarr aig sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta, thathar a' gabhail ris san fharsaingeachd gum bi seo a' leudachadh na beàirn coileanaidh ceangailte ri bochdainn. Chaidh an goireas seo ath-ùrachadh gus cuideachadh ris na neartan agus ath-cheuman ann an ath-bhuannachd aithneachadh. Tha e a-nis a' gabhail a-steach ceistean dùbhlain gus cuideachadh ann an fhèin-luachadh airson ceartais, a' gabhail a-steach ionnsachadh bhon àm a bha togalach na sgoile dùinte rè a' ghlasaidh-shluaigh².

'S dòcha gum bi an sgrìobhainn seo cuideachail mar ghoireas a sheasas na h-aonar ach faodaidh e a bhith an cleachdadh ri taobh fhrèamaichean-obrach fhèin-luachaidh eile agus chan eilear an dùil gun tèid e nan àite.

Bidh an goireas fhèin-luachaidh ath-sgrùdaichte seo a' cur taic ri siostam an fhoghlaim gus sùil nas giorra a thoirt air na dòighean-obrach as èifeachdail airson ceartas a ruigsinn agus a' cuideachadh bhuidhnean agus an siostam nas fharsainge ann am màirneadh air buaidh a' ghlasaidh-shluaigh air luchd-ionnsachaidh agus ionnsachadh. Tha na ceistean a leanas aig cridhe fhèin-luachaidh:

- Ciamar a tha sinn a' dèanamh?
- Ciamar a tha fios againn?
- Dè nì sinn a-nis?

Cùl-raon Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba

Chaidh Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba³ a stèidhicheadh gus ceartas ann am foghlam a bhrosnachadh le bhith dèanamh cinnteach gu bheil an aon chothrom soirbheachais aig gach pàiste, le amas airson na beàirn coileanaidh bochdainn a dhùnadh. Tha Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta, Curraicealam airson Sàr-mhathais agus Ceartas do Gach Pàiste aig stèidh a' Dhùbhlain. Tha e ag amas air gnìomhachasan leasachaidh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd.

'S e iomairt targaidichte a th' ann am Maoin Coileanaidh na h-Alba (ASF) a chuireas taic ri sgoilearan ann an ùghdarrasan ionadail na h-Alba far a bheil na h-ìrean as àirde bhochdainne. Tha naoi Ùghdarrasan Dhùbhlain ann an-dràsta - Siorrachd Chlach Mhanainn, Dùn Dè, Siorrachd Àir an Ear, Glaschu, Inbhir Chluaidh, Siorrachd Àir a Tuath, Siorrachd Lannraig a Tuath, Siorrachd Rinn Friù agus Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Tha cuideachd 73 sgoiltean, thar 12 ùghdarrasan ionadail a bharrachd, aig a bheil ìre mhòr sgoilearan a tha fuireach ann an sgìrean bochda agus a bheil faighinn buadh bho mhaoineachadh a bharrachd.

Tha Maoin Cheartas an Sgoilear (PEF), stèidhichte ann an 2017, agus Maoin Clann agus Òganaich le Eòlas Cùraim (CECYPF), a thàinig a-steach ann an 2018, nam pàirt ASF cuideachd. Thèid PEF a thoirt dìreach

¹ Far an tèid bruidhinn air sgoiltean anns an sgrìobhainn seo, faodar buidhnean foghlaim eile a ghabhail a-steach. ² 'S e glasadh-sluaigh am facal a thèid a chleachdadh gus bruidhinn air an ùine eadar 20 am Màrt 2020 agus 12 an Lùnastal 2020 nuair a chaidh toglaichean sgoiltean a dhùnadh airson luchd-ionnsachaidh agus chaidh solar a dhèanamh le bhith cleachdadh ionnsachadh aig astar.

³ <https://www.gov.scot/policies/schools/pupil-attainment/>

gu sgoiltean agus tha e ag amas air a' bheàrn choileanaidh bhochdainn a dhùnadh. Tha a h-uile sgìre chomhairle a' faighinn buaidh bho PEF agus gheibh cha mhòr a h-uile sgoil ann an Alba am maoineachadh seo. Solairidh CECYPF iomairtean, gnìomhachasan agus goireasan targaidichte a chaidh an cruthachadh gus na builean foghlaim buidheann nan òganach mì-leasaichte seo a leasachadh anns a h-uile sgìre ùghdarras ionadail.

Tha sgioba nan comhairlichean ruigsinneachd Foghlam na h-Alba ag obair gu co-obrachail leis a h-uile ùghdarras ionadail agus 's e am misean aca amas gun stad a chumail air dùnadh na beàirn choileanaidh bhochdainn. Tha dreuchd sònraichte a' chomhairliche ruigsinneachd stèidhichte air na feumalachdan gach ùghdarras ionadail.

A dh'ionnsaigh siostam nas cumhachdaiche

Chaidh moladh a dhèanamh le Comhairle Eadar-nàiseanta Comhairlichean an Fhoghlaim ⁴ (ICEA) gum beachdaich Riaghaltas na h-Alba air cumhachdachadh, dleastanas agus seilbheadaireachd phroifeasanta mar chruaidh-òrduighean a' phoileasaidh airson an ath cheum leasachaidh:

- **Cumhachdachadh Proifeasanta:** Ged a tha ath-leasachaidhean mòra tòiseachaidh airson dùthaich air fad gu tric feumach air stiùireadh shoilleir bho bhuillsgean an riaghaltais nàiseanta, tha gluasad gus toirt gu buil sàr-mhath agus so-sheasmhach feumach air atharrachadh gu leasachaidhean foghlaim air an stiùir gu proifeasanta taobh a-staigh agus thar seòmraichean teagaisg, sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail.
- **Freagairteachd:** Tha luchd-foghlaim agus luchd-dèanaimh poileasaidh phroifeasanta agus cumhachdach cuideachd clisgeanta agus freagarraiche ro fheumalachdan, prìomhachasan, atharraichean agus dùbhlain ionadail.
- **Seilbheadaireachd:** Tha a' cur na tha roimhe ri chèile – cumhachdachadh an fheadhainn a tha an sàs agus freagairteachd airson breithneachadh agus fianais phroifeasanta – ro-chudromach airson co-sheilbheadaireachd a chruthachadh a tha riatanach gus euchd-mhiannan sàr-mhathas agus ceartas airson luchd-ionnsachaidh air fad a ruigsinn, agus am prìomhachas gus a' bheàrn choileanaidh bhochdainn eachdraidheil agus leantainneach na h-Alba a dhùnadh. Tha e cudromach gu bheil siostam foghlaim na h-Alba an dà cuid a' treòrachadh an t-saoghail agus air leth agus gu cubhaidh Albannach.



Tha an goireas seo a' cur taic ri molaidhean an ICEA, a' solarachadh ghoireasan airson luchd-ùidh air fad gus am faod iad fèin-luachadh a dhèanamh air cleachdaidhean an-dràsta agus cumhachd a thoirt do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail gus adhartachadh a làn-mheudachadh ann an dùnadh na beàirn coileanaidh bhochdainn ann an Alba.

⁴ Aithisg Comhairle Eadar-nàiseanta Comhairlichean an Fhoghlaim 2016-18

A' dol air adhart

Ann am Plana an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta 2020, chuir an riaghaltas a-mach còig roinnean gus buaidh Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba a thoirt air adhart barrachd. Aig an àm seo, bidh Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba a' leantainn orra taic a thoirt do ath-bhuannachd fhoghlaim ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail, sgoiltean agus prìomh luchd-ùidh eile. Faodaidh na còig prìomh roinn seo taic a thoirt don obair seo:

1. Bidh teòmachd agus **taic a bharrachd targaichte** far a bheil am fianais as ùire a' sealltainn gum faodar luaths an adhartais a bhith meudaichte.
2. Bidh a h-uile sgoil agus a h-uile tidsear **a' faighinn cead dha, agus a' tuigsinn, na tha an dàta agus am fianais ag ràdh agus bidh na sgilean aca gus seo a chleachdadh** ann an ionnsachadh, adhartachadh agus coileanadh chloinne agus òganaich a leasachadh.
3. **Bidh dòighean-obrach sònraichte a tha a' dèanamh a' bhuidh as motha** ann an adhartas agus coileanadh chloinne a leasachadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd **aithnichte agus co-roinnte gu siostamataigeach**.
4. Obraichidh sinn còmhla ri tidsearan agus sgoiltean gus **an cleachdadh proifeasanta a leasachadh le bhith gan cumhachdachadh gus dòighean-obrach so-sheasmhach ro adhartas a leasachadh**, agus buaidh mairsinneach airson clann agus òganaich fo bhuidh bochdainn a dhèanamh cinnteach.
5. Ag obair còmhla aig ìrean nàiseanta, sgìreil agus ionadail, bidh sinn **a' meudachadh nan oidhirp coitcheann againn thar gach ìre de riaghaltas agus a' togail air an astar-mheud de chumhachdachadh agus co-obrachadh** gus adhbharan na beàrn coileanaidh aithneachadh, uallach a ghabhail air an son agus an cur ceart aig a gach ìre.

Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha sinne ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?

Anns an t-seisean 2017-18, chaidh sgrùdadh a dhèanamh air ùghdarrasan ionadail gus luachadh dè cho math 's a tha Ùghdarrasan an Dùbhlain ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh. Seall na sgrùdaidhean air dà phrìomh cheist:

- Ceist 1: Dè cho èifeachdail 's a tha ceannardas, riaghlachas agus stiùireadh na seirbhis fhoghlaim air Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba agus Maoineachadh Ceartas an Sgoileir gus ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a chaolachadh?
- Ceist 2: Dè cho èifeachdail 's a tha an t-seirbhis fhoghlaim air dàta a chleachdadh gus iomairtean a thargaideachadh agus a thaghadh agus am buaidh aca a mheasadh?

Thathar a' sgrùdadh naoi ùghdarrasan ionadail. Faodar ceanglaichean ri na h-aithisgean aca a lorg san eàrr-ràdh.

Fèin-luachadh airson ceartas

Ciamar a thèid an goireas fèin-luachaidh seo a chleachdadh

Nuair a thathar a' cleachdadh a' ghoireis seo ann an co-bhann ri frèamaichean-obrach fèin-luachaidh Foghlam Alba eile, 's dòcha gum bi e cuideachail do sgoiltean agus eile cuspairean eadar-dhealaichte a chleachdadh gus fòcas a dhèanamh air pàirtean den obair aca a thaobh ceartas a ruigsinn. Tha comharran cleachdaidh glè èifeachdail agus ceistean dùbhlana a' solarachadh a' chothruim gus drilgeadh nas domhaine a-steach san fhianais a chuireas taic ris na co-dhùnidhean aca airson fèin-luachaidh leantainneach a neartachadh. Faodar na cuspairean a cheangal ri na slatan-tomhais deagh-ghnè ann am frèamaichean-obrach fhèin-luachaidh eile ach cha bu chòir gun tèid smaoinichadh orra mar shlatan-tomhais deagh-ghnè fhèin.

Tha **Comharran dòighean-obrach glè èifeachdail** ann gus eisimpleirean fianais bhuidh a shealltainn ann an dùnadh na beàirn coileanaidh bochdainn. Thàinig na h-eisimpleirean bho sreath fharsaing an fhianais air ainmichte roimhe agus tha iad stèidhichte air an obair a' dol air adhart ann an sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail thar Alba. Chan e liosta deimhinnte a th' anns na h-eisimpleirean fo gach cuspair.

Tha **Ceistean dùbhlana** air an cur sa ghoireas seo cuideachd gus taic a thoirt do chonaltradh proifeasanta agus a' comharrachadh pàirtean cleachdaidh aig a bheil feum air leasachadh a bharrachd. Bidh cuid de na ceistean dùbhlana nas iomchaidh a rèir a' cho-theacsa agaibh fhèin, cò tha gan cleachdadh agus dè an adhbhar. Tha cuid de na ceistean a' coimhead air sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg agus tha cuis eile a' coimhead air leasachadh an ùghdarras ionadail agus an sgìre. Tha seata cheistean ceangailte ri buaidh Covid-19 anns gach cuspair. Faodar seo a bhith an cleachdadh gu neo-eisimeileach no ri taobh feadhainn eile bhon ghoireas. Faodar a h-uile ceist atharrachadh agus a chleachdadh le sreath fharsaing dhaoine, a' gabhail a-steach thidsearan, chomhairlichean ruigsinneachd, sgiobaidhean leasachaidh ionadail agus sgìreil, Luchd-sgrùdaidh na Banrigh agus com-pàirtichean.

Tha na comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail air an cur ri chèile fo chuspairean ceangailte ri Dùbhlana Coileanaidh na h-Alba agus Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta. Tha na cuspairean a' gabhail a-steach measgachadh de na prìomh luamhan airson atharrachadh, eadar-ghabhailean airson ceartas agus prìomhachasan a' phoileasaidh. Bu chòir gun tèid aire a thoirt gu bheil gach cuspair eadar-cheanglachadh agus faodaidh diofar taobhan a bhuntainn ri barrachd na aon cuspair.

Cuspairean

Ceannardas

- a) Riaghlachas agus stiùireadh
- b) Dàta agus a' dùnadh na beàirn
- c) Fèin-luachadh agus rannsachadh
- d) Maoinichadh Ceartas an Sgoileir

Ionnsachadh agus Teagasg

- e) Ionnsachadh, teagasg agus measadh
- f) Ionnsachadh proifeasanta agus a' co-roinneadh

Teaghlaidhean agus Coimhearsnachdan

- g) Cosnachadh phàrantan
- h) A' co-obrachadh le com-pàirtichean
- i) Cosg latha na sgoile



Ceannardas

a) Riaghlachas agus stiùireadh

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Lèirsinn agus dleastanas co-roinnte le amas soilleir airson ceartas fhaighinn airson clann agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte.
- Ceannardas làidir agus èifeachdail aig a h-uile ìre, a' putadh air adhart leasachadh ann am builean chloinne agus òganaich.
- Structaran riaghlachas èifeachdail agus spionnadaidh a bheir cothroman gu leòr airson taic agus dùbhlann aig a h-uile ìre.
- Ùine agus àite gu leòr airson ùr-ghnàthachas agus cruthachalachd gus ceartas a ruigsinn.
- A' togail comas ceannardas an luchd-obrach tro ionnsachadh proifeasanta agus co-obrachadh.
- Àireamh nas lugha de dh'eadar-ghabhailean le amas sònraichte agus dòighean-obrach le builean agus tomhaisean soilleir ann.

Ceistean dùbhlann

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none">• Dè cho math 's a tha luchd-obrach aig a h-uile ìre ag amas agus ag obair gus ceartas a ruigsinn?• Dè cho fad 's a tha structaran co-dhùnaidh na sgoile soilleir agus follaiseach dhan a h-uile neach-ùidh?• Dè cho fad 's a tha sinn a' beachdachadh air agus a' dèanamh cinnteach gu bheil so-sheasmhachd san fhad ùine na pàirt dhen phlanadh againn airson ceartas a ruigsinn?• Dè cho fad 's a tha na buillean air a bheilear ag amas soilleir agus sònraichte do luchd-obrach aig a h-uile ìre?• Ma tha e doirbh dhuinn luchd-obrach a bharrachd fhaighinn, ciamar a tha sinn a' beachdachadh air dòighean-obrach eile agus dòighean-fuasglaidh cruthachail?	<ul style="list-style-type: none">• Dè cho fad 's a tha structaran co-dhùnaidh an ùghdarras ionadail soilleir agus follaiseach dhan a h-uile neach-ùidh?• Ann am beachdachadh air ar modh-obrach airson planadh, dè cho fad 's a nì sinn cinnteach gu bheil na planaichean againn simplidh, soilleir agus ag amas gu dlùth air ceartas?• Dè cho èifeachdail 's a tha na pròiseasan dearbhaidh càileachd ann an taic agus dùbhlann a thoirt seachad agus a' brosnachadh sgoiltean a bhith ag amas air ceartas?• Dè cho fad 's a tha sinn a' beachdachadh air agus a' dèanamh cinnteach gu bheil so-sheasmhachd san fhad ùine na pàirt dhen phlanadh againn airson ceartas a ruigsinn?• Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann am fios a thoirt do na buill thaghte agus luchd-ùidh eile againn mu adhartas ann an dùnadh na beàrn ruigsinneachd bochdainn?• Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil sgrùdadh gu leòr ann bho bhuill taghte air obair Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba anns an ùghdarras ionadail agus ann an sgoiltean? A bheil seo a' gabhail a-steach an obair air fad, a' gabhail a-steach Maoineachadh Ceartas an Sgoileir agus Maoin Eòlais air Cùram?⁵

⁵Faodar a' cheist dhùbhlain seo a chur gu sreath maoineachaidh Coileanadh Alba sam bith aig àm fhoillseachaidh no aig àm sam bith san àm ri teachd ma thèid structaran maoineachaidh atharrachadh.

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil tuigse co-roinnte aig luchd-obrach air buaidh a dh'fhaodadh a bhith aig Covid-19 air eòlas agus coileanadh fhoghlaim?
- A bheil na buillean air a bheil luchd-obrach aig a h-uile ìre a' feuchainn soilleir leis agus airson òganaich, agus an deach iad seo ath-mhìneachadh gus an suidheachadh a th' ann an-dràsta a ghabhail a-steach?
- A bheil a h-uile neach-obrach, a' gabhail a-steach luchd-obrach le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus luchd-obrach nach eil a' teagasg, a' cur ri ceartas a ruigsinn agus a' solarachadh taic targaidichte?
- A bheil luchd-obrach a' beachdachadh air mhodhan-obrach diofraichte agus fuasglaidhean cruthachail gus taic a bharrachd a thoirt do chloinn agus òganaich mhìleasaichte, a' gabhail a-steach suidheachaidhean foghlam co-mheasgaichte no aig astar?

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean againn simplidh, soilleir agus ag amas gu dlùth air ath-bhuannachd?
- A bheil sinn a' toirt fios gu na buillean taghte agus luchd-ùidhe eile mun buaidh a th' aig Covid-19 air an luchd-ionnsachaidh as mhìleasaichte agus an adhartas ann an dùnadh na beàirn coileanaidh bochdainn?

Ceannardas

b) Dàta agus a' dùnadh na beàirn

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Cleachdadh èifeachdail de shreath farsaing dàta càileachdail agus uimhireil agus fianais gus a' bheàrn coileanaidh bochdainn a thuigsinn.
- Tha eadar-ghabhailean èifeachdail air sgàth 's gu bheil iad stèidhichte air analais spionnadaid an dàta.
- A' co-roinneadh agus a' mion-sgrùdadh an dàta gu cholaisteach agus le com-pàirtichean mar phàirt de fhèin-luachadh leantainneach.
- Analais agus tuigse shoilleir air a' bheàrn choileanaidh bhochdainn aig a h-uile ìre, a' gabhail a-steach ùghdarras ionadail, buidheann agus anns an t-seòmar-teagasg.
- A' togail comas agus misneachd an luchd-obrach tro ionnsachadh proifeasanta, co-obrachadh chomhaoisean agus ag obair gu dlùth le speisealaichean dàta.

Ceistean dùbhlhan

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil a h-uile neach-obrach agus com-pàirtiche againn a' tuigsinn mar a chleachdas iad dàta gu èifeachdail gus sùil a chumail air buaidh nan eadar-ghabhailean agus modhan-obrach againn? • Dè cho fad 's a tha am fèin-luachadh againn stèidhichte air tuigse cho-roinnte làidir den dàta againn? • A bheil cothroman gu leòr ann airson beachdachadh proifeasanta air dàta agus fianais mar phàirt dhen phròiseas fhèin-luachaidh againn aig a h-uile ìre? • Dè cho fad 's a tha ar èifeachdas ann an dàta agus fianais a chleachdadh gar cuideachadh ann am builean soilleir agus targaidhean thomhaiste a chur a-mach? • Dè cho math 's a tha an t-adhartas againn ann an leasachadh frithealachadh agus a' lùghdachadh reataichean às-dùnaidh chloinn agus òganaich a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhì-leasaichte againn? • A bheil adhartas follaiseach aig a h-uile ìre bho thràth bhliadhnaichean do às dèidh na sgoile? A bheil adhartas seasmhach thar an eadar-ghabhail? • Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil na h-eadar-ghabhailean agus modhan-obrach againn, an dà chuid cho-choitcheann agus targaidichte, a' leantainn gu leasachadh? Dè cho èifeachdail 's a tha sinn anns na dòighean-obrach againn atharrachadh mura h-eil am buaidh cheart aca? • Dè cho fhad 's a tha sinn a' caolachadh na beàirn ruigsinneachd ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd? Dè is urrainn dhuinn dèanamh gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an taic a thoirt do sgoiltean greim fhaighinn agus analais a dhèanamh air sreath dàta a bhios gan cuideachadh a' bheàrn choileanaidh bhochdainn a dhùnadh. • Dè cho fad 's a tha sinn a' solarachadh taic spionnadaid agus dùbhlain dhan sgoiltean againn? • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an dàta a chleachdadh thar an ùghdarras ionadail agus an sgìre gus co-obrachadh a bhrosnachadh gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho soilleir is a tha sinn gu bheil sinn a' dèanamh adhartas airson ceartas a ruigsinn aig ìre na sgoile, an ùghdarras ionadail agus na sgìre? • Dè cho misneachail 's a tha sinn bhon analais dàta againn gu bheil a' bheàrn bhochdainn a' dùnadh thar ùine agus gu bheil a' cumail suas adhartas? • A bheil sinn soilleir bhon analais dàta againn dè cho fad 's a tha sinn a' dèanamh adhartas anns an dà chuid dòigh-obrach co-choitcheann agus targaidichte? • Dè cho èifeachdail is bhios sinn a' cleachdadh nan slat-tomhais nàiseanta agus amasan searradh agus sùil a chumail air ar adhartais agus

⁶ Faicibh: Eàrr-ràdh 1 - A' dùnadh na beàirn coileanaidh: 11 prìomhachasan

<p>adhartas gu leòr thar ùine anns a h-uile roinn seo?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho misneachail is a tha sinn gu bheil clann agus òganaich uile, as bith dè na suidheachaidhean sòiseo-eaconomaigeach aca, ag inntrigeadh sreath farsaing eòlasan agus slighean ionnsachaidh? A bheil iad a' leantainn orra gu cinn-uidhe matha agus seasmhach? 	<p>taic a thoirt do thuigse a bharrachd air a' cheann-uidhe a tha sinn a' feuchainn air?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail eile gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air feumalachdan clann agus òganaich ann am foghlam taobh a-muigh an ùghdarras a chumas sùil orra?
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • An do dh'aithnich sinn an dàta freagarrach an-dràsta airson na h-ath-cheumannan a phlanadh: <ul style="list-style-type: none"> - Deamografach: fiosrachadh tuairisgeulach mu choimhearsnachd na sgoile - Pròiseasan na Sgoile: dè tha tachairt an-dràsta gus taic a thoirt do bhuilean iomlanach airson luchd-ionnsachaidh - Ionnsachadh nan Sgoilear: builean iomlanach na cloinne agus nan òganach againn - Lèirsinn: na tha luchd-ùidhe uile a' smaoinichadh mun eòlas ionnsachaidh • A bheil sinn a' cur barrachd taic ann airson na cloinne agus nan òganach as mhì-leasaichte? 	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A tha sinn a' cur taic ri ar sgoiltean gus dàta a sgrùdadh tro lionsa an t-suidheachaidh làithreach? • A bheil sinn a' co-obrachadh le daoine eile gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air feumalachdan cloinne agus òganaich ann am foghlam taobh a-muigh an ùghdarras a chumas sùil orra?

Ceannardas

c) Fèin-luachadh agus rannsachadh

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail
<ul style="list-style-type: none"> • Pròiseas fhèin-luachaidh spionnadaid a tha air fhisge a-steach aig a h-uile ìre agus aig a bheil taic bho ullachaidhean riaghlachais làidir agus èifeachdail. • A' cleachdadh rannsachadh stèidhichte air fianais gus eadar-ghabhailean agus modhan-obrach freagarrach a thaghadh, seisichte air a' cho-theacsa ionadail agus feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. • A' cleachdadh mhodhan-eòlas agus dòighean-obrach aithnichte a bharrachd, mar rannsachadh air gnìomhachas co-obrachail agus saidheans leasachaidh gus fèin-luachadh a neartachadh. • Ag obair gu dlùth le com-pàirtichean mar shic-eòlaichean foghlaim agus oilthighean gus comas a thogail ann an fhèin-luachadh agus rannsachadh. • A' cleachdadh taic air loidhne gu h-èifeachdail. Mar eisimpleir, Eadar-ghabhailean airson Ceartas agus Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba: Seata Innealan airson Ionnsachadh agus Teagasg

Ceistean dùbhlann

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho cruaidh 's a tha sinn ag obair gus a' bheàrn choileanadh bhochdainn a dhùnadh ann am fèin-luachadh na sgoile againn? • Dè cho fad 's a tha am fèin-luachadh againn a' solarachadh soillearachd air dè na h-eadar-ghabhailean agus dòighean-obrach as soirbheachaile gar cuideachadh gus a' bheàrn a dhùnadh? • Dè cho fad 's a tha sinn a' toirt a' chom-pàirtichean agus an luchd-ùidhe againn a-staigh anns a' phròiseas fhèin-luachaidh againn? Dè cho èifeachdail 's a tha seo ann an leantainn dhan cleachdadh as fhèarr de na goireasan agus eòlas co-roinnte againn? • Dè cho math 's a tha clann, òganaich agus pàrantan a' cosnachadh leis an fhèin-luachadh againn? • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an rannsachadh stèidhichte air fianais a chleachdadh gus eadar-ghabhailean agus dòighean-obrach iomchaidh a thaghadh? • Dè an sreath tùsan a chleachdas sinn gus cleachdadh stèidhichte air fianais aithneachadh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach ann an co-theacsa na sgoile againn? 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha pròiseasan fhèin-luachadh agus dearbhadh càileachd an ùghdarras ionadail againn ag amas air a' bheàrn choileanaidh bhochdainn a dhùnadh? • Dè cho fòghain 's tha an cudrom a chuireas sinn air astair adhartais? • Dè cho fad 's a dh'obraicheas sinn ann an com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd rannsachaidh gus brath a thoirt air ar co-dhùnaidhean gu h-ionadail agus gu sgìreil? • Dè cho fad 's a tha sinn a' toirt a' chom-pàirtichean agus an luchd-ùidhe againn a-staigh anns a' phròiseas fhèin-luachaidh againn? Dè cho èifeachdail 's a tha seo ann an leantainn dhan cleachdadh as fhèarr de na goireasan agus eòlas co-roinnte againn? • Dè cho èifeachdail is a tha sinn ann an taic agus cumhachd a thoirt do ar sgoiltean ann an dol an sàs le rannsachadh a chuidicheas iad an cleachd aca a leasachadh? • Dè cho fad 's a tha pròiseasan leasachaidh na sgoile agus aithriseadh an ùghdarras ionadail againn ag amas air a' bheàrn choileanaidh bhochdainn a dhùnadh?

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil fios aig a h-uile neach-obrach cò a' chlann agus na h-òganaich air am bi a' bhuidheas as motha a thoirt air ionnsachadh anns an ath-bhuannachd no suidheachadh glasadh-sluaigh?
- A bheil clann, òganaich agus pàrantan a' cosnachadh leis an fhèin-luachadh againn air an eòlas foghlaim aca?
- A bheil sinn a' cleachdadh rannsachadh stèidhichte air fianais gus eadar-ghabhailean agus dòighean-obrach iomchaidh a thaghadh gus taic a thoirt do ionnsachadh anns a' cho-theacsa seo?

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil sinn, gu h-èifeachdail, a' cur taic agus cumhachd ri ar sgoiltean ann an dol an sàs le rannsachadh a chuidicheas iad an cleachdadh aca a leasachadh?
- A bheil sinn a' cho-roinneadh eisimpleirean de "na tha ag obair" thar sgoiltean?

Ceannardas

d) Maoineachadh Ceartas an Sgoileir

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Stèidhich an sgoil a-mach fàth-sgeul agus plana soilleir airson an riarachadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir aice, a' gabhail a-steach stiùireadh nàiseanta agus ionadail.
- Tha plana na sgoile deagh-bheachdaichte agus stèidhichte air fhèin-luachadh spionnadaid a ghabhas a-steach beachdan cloinne agus òganaich, pàrantan, com-pàirtichean agus luchd-obrach.
- Tha an sgoil air sreath dàta agus fianais a chleachdadh gus beàrn ann an coileanadh aithneachadh airson buidhnean agus clann agus òganaich fa leth. Air sgàth seo, tha eadar-ghabhailean agus modhan-obrach iomchaidh ann a-nis, le amas soilleir air leasachadh ann an slàinte agus sunnd, àireamhachd agus litearrachd.
- Tha sreath de dh'eadar-ghabhailean, mar ghnìomhachasan stèidhichte anns an t-seòmar-teagasg, taic thargaidichte a bharrachd agus cothroman agus eòlasan leasaichte ann agus thar na sgoile ann.
- Tha siostaman èifeachdail ann gus sgrùdadh agus tracadh air adhartas neach fa leth agus buidhnean. Tha comas aig sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail fianais a chleachdadh gus buaidh air ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh a shealltainn.

Ceistean dùbhlán

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's tha sinn air beachdachadh air mar a sheallas sinn am buaidh a bh' aig na h-eadar-gabhailean agus dòighean-obrach againn? • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn a' tracadh agus a' cumail sùil air an adhartas againn? • Dè cho fad 's a tha am fàth-sgeul againn airson cosg an roinn Maoineachadh Ceartas an Sgoileir againn stèidhichte air fhèin-luachadh spionnadaid le luchd-ùidh buintineach? • Dè cho èifeachdail 's a bha sinn ann an clann, òganaich, pàrantan agus com-pàirtichean a thoirt a-steach ann an cò-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir? • Dè cho fad 's a tha am fèin-luachadh againn a' toirt fios bho analais èifeachdail an dàta a sheallas air a' bheàrn choileanaidh bho chdinn? • Dè cho fad 's a tha sinn soilleir agus sònrach mu na h-eadar-gabhailean, dòighean-obrach agus targaidean againn? • Dè cho misneachail 's a tha sinn mu dheidhinn atharraichean amail, fiosraichte a dhèanamh air na planaichean againn mura h-eil na h-eadar-gabhailean agus dòighean-obrach againn a' dhèanamh na tha an aire? 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha pròiseasan leasachadh na sgoile agus aithriseadh an ùghdarras ionadail againn na sgoiltean againn a chuideachadh ann am planadh agus measadh a dhèanamh air buaidh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir? Dè cho èifeachdail 's a tha na pròiseasan seo a' fìor-lùghdachadh burocrasaidh? • Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil analais co-theacsail soilleir agus fàth-sgeul soilleir aig ceannardan airson Maoineachadh Ceartas an Sgoileir a chosg, stèidhichte air fhèin-luachadh spionnadaid? • Dè stiùireadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir ionadail a tha ann? Dè cho tric agus cho fhad 's a thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo? A bheil e a' cuideachadh sgoiltean gus cleachdadh èifeachdail a dhèanamh dhen mhaoineachadh agus a' cur taic riutha a bhith cunntachail airson nan co-dhùnadh aca? • Dè na modhan-obrach spionnadaid a tha ann gus sùil a chumail air mar a thèid Maoineachadh Ceartas an Sgoileir a chosg? Ciamar a chleachdas sinn am fiosrachadh cruinnichte gus aithisg èifeachdail a dhèanamh air buaidh? • Dè cho fad 's a tha cleachdadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir na sgoile againn a' leantainn gu builean leasaichte airson clann agus

<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir againn gus leasachaidhean 	<p>òganaich? Dè cho èifeachdail is a tha seo</p>
<p>so-lùbach agus so-sheasmhach a dhèanamh ann an cultar, feallsanachd agus eòlas-teagaisg gus buaidhean a leasachadh airson luchd-ionnsachaidh?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha cleachdadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir againn a' leasachadh bhuilean cloinne agus òganaich agus a' dùnadh na beàrn coileanaidh bochdainn? 	<p>ann an cuideachadh le dùnadh na beàrn coileanadh bochdainn?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail is a tha ar dòigh-obrach airson builean a leasachadh airson clann agus òganaich le eòlas air cùraim a' dol leis na tha na sgoiltean againn a' dèanamh le Maoineachadh Ceartas an Sgoileir?
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil am fàth-sgeul againn airson na roinne Maoineachadh Ceartas an Sgoileir againn a chosg a' toirt taic do ath-bhuannachd agus stèidhichte air fhèin-luachadh spionnadaid le luchd-ùidhe buintineach? <p>A bheil sinn soilleir agus sònrach mu na h-eadar-gabhailean, dòighean-obrach agus targaidean againn gus taic a neartachadh?</p>	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn misneachail gu bheil analais co-theacsail soilleir agus fàth-sgeul soilleir aig ceannardan airson Maoineachadh Ceartas an Sgoileir a chosg, stèidhichte air fhèin-luachadh spionnadaid? <p>A bheil cleachdadh Maoineachadh Ceartas an Sgoileir na sgoile againn a' leantainn gu builean leasaichte airson clann agus òganaich anns an ùine ath-bhuannachd?</p>

Ionnsachadh agus teagasg

e) Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Tha tidsearan a' cleachdadh ro-innleachdan èifeachdail gus ionnsachadh is teagasg a leasachadh, air sgàth 's a' mhothachaidh agus tuigse as mhotha aca air dùbhlain agus cnapan-starra sòiseo-eaconomaigeach air beulaibh clann agus òganaich.
- Tha luchd-obrach agus com-pàirtichean ag obair còmhla gu h-èifeachdail gus cnapan-starra thoirt air falbh agus gus sreath eadar-gabhailean agus modhan-obrach a chur ann gus slàinte agus sunnd, litearrachd agus àireamhachd a leasachadh.
- Fòcas air leasachadh pàirteachas agus cosnachadh cloinne agus òganaich anns an ionnsachadh, coileanas pearsanta agus gnìomhachasan taobh a-muigh na sgoile aca.
- Tabhartasan làidir agus luachmhor bho sheirbhisean sic-eòlaiche foghlaim a' solarachadh cleachdadh stèidhichte air fianais a leanas air adhart gu leasachadh. Mar eisimpleir a thaobh àl, beachd-inntinn fàs, tapachd agus cleachd aisigte.
- Fòcas neo-shuarach, dleastanas agus gnìomhachas a' leantainn air gu feallsanachd in-ghabhalach.
- Àrainneachdan sàbhailte agus fàilteachail agus dòighean-obrach in-ghabhalach stèidhichte air feumalachdan.
- Tabhartas làidir bho leasaichean cainnt is cànan airson na beàirn bhriathrachais a dhùnadh agus a' leantainn gu leasachaidhean airson luchd-ionnsachaidh agus a thogail comas an luchd-obrach ann an litearrachd a leasachadh.
- Cleachdadh targaidichte agus èifeachdail luchd-taic air an deagh thrèanadh agus ag obair ann an com-pàirteachas le tidsearan gus ceartas a bhrosnachadh agus cuideachadh gus a' bheàrn choileanaidh a dhùnadh.

Ceistean dùbhlain

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn gus diofarachadh a dhèanamh ann an ionnsachadh agus teagasg, agus a' cleachdadh ro-innleachdan airson dèiligeadh leis na dùbhlain agus cnapan-starra sòiseo-eaconomaigeach air beulaibh clann agus òganaich? • Dè cho fad 's a tha sinn ag amas ri taic a thoirt do slàinte- agus sunnd-inntinn chloinne agus òganaich a tha fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean às mhì-leasaichte? A bheil seo a' gabhail a-steach amas airson ceartas airson clann agus òganaich le eòlas air cùraim? • Dè cho èifeachdail 's a tha ar cuimseachd, sgrùdadh, tracadh agus measadh ann an dèanamh cinnteach gu bheil na h-eadar-gabhailean agus dòighean-obrach a' togail coileanadh agus a' cuideachadh le dùnadh na beàirn coileanaidh bochdainn? • Dè cho fad 's a tha sinn a' solarachadh eòlasan agus cothroman a bharrachd airson clann agus òganaich a dhearbhaich sinn mar "caill a-mach"? • Dè cho fad 's a tha feallsanachd in-ghabhalach follaiseach thar a h-uile taobh beatha agus obair 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil luchd-obrach aig gach ìre san sgoil againn a' tuigsinn agus a' beachdachadh air na dùbhlain agus cnapan-starra sòiseo-eaconomaigeach air beulaibh clann agus òganaich nuair a phlanas iad ionnsachadh? • Dè cho spionnadaid 's a tha ar dòighean-obrach ionadail agus sgìreil airson cuimseachd agus measadh? Dè cho fad 's a bhuineas na dòighean-obrach seo air ceartas? • Dè cho fad 's a tha sinn a' cumail sùil air agus a' tracadh na h-eadar-gabhailean agus dòighean-obrach anns na sgoiltean againn gus am bi fios againn ma tha iad a' togail coileanadh agus a'

<p>coimhearsnachd na sgoile?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's tha sinn a' beachdachadh air ceartas thar a' cheithir co-theacsaichean ionnsachaidh? • Dè cho fad s a tha na com-pàirtichean co-obrachail againn le speisealaichean agus com-pàirtichean a' leasachadh builean clann is òganaich? Ciamar a tha an obair seo a' togail 	<p>cuideachadh ann an dùnadh na beàrn coileanaidh bochdainn?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an dòighean-obrach ionnsachadh, teagasg agus measadh a cho-roinneadh aig a bheil fòcas air ceartas thar an ùghdarras ionadail agus na sgìre againn?
<ul style="list-style-type: none"> • comas an luchd-obrach againn gus builean a leasachadh agus ceartas a ruigsinn? 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil a h-uile buidheann a' neartachadh taic airson na cloinne agus nan òganach as so-leònta?
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil plana èifeachdail againn airson taic a thoirt do shlàinte- agus sunnd-inntinn clann, òganaich agus, far a bheil e iomchaidh, an teaghlaichean? • A bheil sinn air co-ghnàthsan a stèidheachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil goireasan ionnsachaidh cruaidh no didseatach (a' gabhail a-steach bathar-cruaidh agus ceanglachas) aig clann agus òganaich aig a bheil feum orra? • A bheil sinn a' tracadh pàirteachas agus adhartas nan sgoilear gu h-èifeachdail agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo airson ath-cheumannan ann an ionnsachadh a phlanadh? • A bheil obair nan com-pàirtiche againn air fighe a-steach gu tairgseadh sam bith a tha sinn air phlanachadh? 	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • An do chuir sinn gu feum na ionnsaich sinn agus feadhainn eile air na tha ag obair anns an t-suidheachadh ath-bhuannachd seo? • A bheil sinn misneachail gu bheil goireasan ionnsachaidh cruaidh no didseatach (a' gabhail a-steach bathar-cruaidh agus ceanglachas) aig clann agus òganaich aig a bheil feum orra? • Am bi sinn a' tracadh gu mionaideach pàirteachas agus adhartas nan sgoilear? • A bheil na eadar-ghabhailean agus maothaidhean againn èifeachdail?

Ionnsachadh agus teagasg

f) Ionnsachadh proifeasanta agus a' co-roinneadh dhòighean-obrach

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Modh-obrach ro-innleachdail, structarail agus air a dheagh phlanadh airson ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd a thogas comas agus a leanas air gu leasachaidhean ann an obair agus builean.
- Ìrean àrda cosnachaidh an luchd-obrach aig a h-uile ìre, le cultar co-obrachadh agus le com-pàirtichean.
- Tuigse nas doimhne air a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn agus mar am faod modhan-obrach oide-eòlach builean a leasachadh airson clann agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte.
- Rannsachaidhean cùise leasaichte agus eisimpleirean deagh chleachdadh air na tha ag obair gu èifeachdail gus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh air an co-roinneadh air loidhne, aig co-labhairtean agus tro còmhradh proifeasanta.

Ceistean dùbhlán

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho domhainn 's a tha an tuigse aig luchd-obrach aig a h-uile ìre air dòighean-obrach oide-eòlach agus am faod builean a leasachadh airson clann agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte? • Dè cho fad 's a chumas sinn sùil air buaidh an ionnsachaidh proifeasanta againn air luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh? • Dè cho fad 's a tha ionnsachadh proifeasanta a' leantainn air gu leasachaidhean ann am builean clann is òganaich? Dè cho fad 's a tha seo a' leantainn gu ceartas airson clann agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil eòlas air cùram? • Ann an dèanamh so-sheasmhachd cinnteach, dè cho stèidhichte 's a tha dòighean-obrach na sgoile againn airson comas a thogail agus cleachdadh a leasachadh? • Dè cho fad 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gun tèid na dòighean-obrach againn a chur gu feum gu cunbhalach thar na seòmraichean-teagaisg againn? A bheil misneachd againn gun tèid an cleachdadh as èifeachdaile airson 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho misneachail 's a tha sinn ann an cothroman ionnsachaidh phroifeasanta a solarachadh a leanas air gu leasachaidhean ann am builean cloinne agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte? • Dè cho èifeachdail 's a chleachdas sinn an comas co-obrachail againn thar an ùghdarras ionadail agus na sgìre gus ionnsachadh phroifeasanta a lìbhrigeadh agus cleachdadh èifeachdail a cho-roinneadh? • Dè cho fad 's a bhios sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an cleachd as èifeachdaile gus ceartas a ruigsinn air fighe a-steach dha na sgoiltean agus seòmraichean-teagaisg againn agus air a chur an gnìomh gu cunbhalach? • Dè cho fad 's a tha dòighean-obrach an ùghdarras ionadail agus na sgìre airson comas a thogail agus cleachdadh a leasachadh air fighe a-steach gus so-sheasmhachd a dhèanamh cinnteach? • Dè cho fad 's a chuireas sinn taic do sgoiltean thar na sgìre againn gus rannsachaidhean cùise agus eisimpleirean cleachdaidh a leasachadh a thaobh ceartas a ruigsinn? Dè cho math 's a ghabhas sinn fòcas a-steach airson clann agus òganaich le eòlas air

<p>ceartas a ruigsinn a chur ann?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha sinn a cho-roinneadh an cleachdadh èifeachdail gus ceartas a ruigsinn gu cholaisteach taobh a-staigh na sgoile againn fhèin agus le sgoiltean eile? 	<p>cùram taobh a-staigh na h-eisimpleirean cleachdaidh againn?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann an taic a chur gu buidhnean agus ùghdarrasan ionadail gus am faod iad ionnsachadh bho chleachdadh èifeachdail bho àitichean eile gus ceartas a ruigsinn?
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha sinn a' coimhead a-mach agus ag ionnsachadh bho chleachdadh èifeachdail ann an àitichean eile gus ceartas a ruigsinn? 	<ul style="list-style-type: none"> •
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn air na ionnsaich sinn agus daoine eile mur na tha ag obair san t-suidheachadh seo a chleachdadh? • A bheil sinn air cothroman a chruthachadh airson luchd-obrach gus am faod iad ionnsachadh bho chàch a chèile agus bho cho-obraichean ann an suidheachaidhean eile? • A bheilsinn air buaidh an ionnsachaidh phroifeasanta (oide-eòlach agus didseatach) a tracadh gu h-èifeachdail airson taic a thoirt do luchd-obrach gus tairgseadh ionnsachaidh èifeachdail aig astar no co-mheasgaichte? • A bheil sinn misneachdail gu bheil cothroman-inntrigidh aig a h-uile neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd agus iadsan aig a bheil Beurla mar cànan a bharrachd, do na dòighean-obrach ionnsachaidh & teagaisg as èifeachdaile, as bith ma thathar ag obair san sgoil no aig astar? 	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn air dòighean-obrach ionnsachaidh & teagasg èifeachdail a cho-roinneadh a tha aithnichte bho taobh a-staigh no a-muigh an UI? • A bheil ar meadhan-sgiobaidhean ag obair gu h-èifeachdail gus ionnsachadh proifeasanta iomchaidh a libhrigeadh gus taic a thoirt do dhòigh-obrach aig astar no co-mheasgaichte? • A bheilsinn air tracadh gu h-èifeachdail buaidh an ionnsachaidh phroifeasanta (oide-eòlach agus didseatach) airson taic a thoirt do luchd-obrach air fad gus ionnsachadh èifeachdail aig astar a thairgsinn mar thuiteamas?

Teaghlaidhean agus coimhearsnachdan

g) Cosnachadh pàrantan

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Leasaich luchd-obrach dàimhean matha còmhla ri teaghlaidhean stèidhichte air earbsa agus spèis. Tha iad mothachail agus frionasach air suidheachaidhean, dùbhlann agus cnapan-starra sòiseo-eaconomaigeach an teaghlaidh. Air sgàth seo, tha misneachd aig pàrantan agus luchd-cùraim ann an obair còmhla ri sgoiltean ann an taic a thoirt do ionnsachadh an cloinne.
- Tha prògraman structaraichte ionnsachaidh an teaghlaidh, air a dhèanamh le com-pàirtichean, a' leantainn air gu buaidhean brìgheil creideasach agus neo-chreideasach airson phàrantan agus luchd-cùraim a' fuireach anns na coimhearsnachdan as mhi-leasaichte.
- Bi luchd-obrach a' cur taic ri agus a' libhrigeadh phrògraman ionnsachaidh an teaghlaidh. Tha iad ag obair còmhla ri teaghlaidhean gus ceanglaichean eadar an taigh agus an sgoil a mathachadh agus gus taic practaigeach a sholarachadh.

Ceistean dùbhlann

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a tha sinn a' cosnachadh le pàrantan chloinne agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte againn? • Dè na dòighean anns am bi an àrainneachd ionnsachaidh againn fàilteachail agus cuideachail do na pàrantan agus luchd-cùraim againn? Ciamar a tha fios againn? • Dè cho fad 's a tha cothroman anns a' churraicealam againn gus am faod teaghlaidhean ionnsachadh còmhla? Dè cho fad 's a tha seo gar cuideachadh gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho math 's a chuidicheas sinn pàrantan gus taic a thoirt do ionnsachadh an cloinne? • Dè cho fad 's a tha sinn a' cosnachadh le pàrantan cloinne agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte againn ann an prìomh tar-mhùthaidhean agus roghainnean slighe? • Dè cho math 's a tha an cosnachadh againn le teaghlaidhean a' leantainn gu builean leasaichte agus ceartas airson luchd-ionnsachaidh? • Dè cho fad 's a tha Comhairle nam Pàrant againn in-ghabhalach agus a' riochdachadh co-theacsa sòiseo-eaconomaigeach na sgoile againn? • Dè cho fad 's a tha sinn a' cosnachadh 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho èifeachdail 's a bhrosnaicheas sinn cosnachadh phàrantan gus ceartas a ruigsinn? Dè cho fad 's a bheir sinn taic do na sgoiltean againn gus seo a dhèanamh? • A bheil fòcas iomchaidh air cheartas aig ro-innleachd cosnachadh pàrantan an ùghdarras ionadail againn? • Dè cho fad 's a bheir sinn taic agus dùbhlann do sgoiltean gus cosnachadh leis na coimhearsnachdan ionadail aca gus a' churraicealam aca a chruthachadh, leasachadh agus a mheasadh? Dè cho fad 's a bhuineas seo air ceartas? • Dè cho èifeachdail 's a phlanas agus a cho-òrdaicheas sinn cothroman ionnsachadh nan teaghlach eadar sgoiltean, seirbhisean an ùghdarras ionadail agus com-pàirtichean? Dè cho fad 's a tha seo gar cuideachadh gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho èifeachdail 's a tha sinn ann am beachdachadh air an dreuchd againn mar phàrantan chorpóra mar phàirt den dòigh-obrach againn gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho fad 's a nì sinn cinnteach gum faigh clann agus òganaich le eòlas air cùram buaidh bho dhòighean-obrach

<p>phàrantan ann am measadh eadar-ghabhailean agus dòighean-obrach airson ceartas a ruigsinn? Dè cho</p>	<p>nan sgoil againn ro chosnachadh phàrantan?</p>
--	---

⁷Tron sgrìobhainn seo, faodar an abairt “pàrantan” a chiallachadh luchd-cùraim-daltachd, luchd-cùraim còmhnaidh agus luchd-cùraim a tha nan caraidean.

<p>èifeachdail 's a tha sinn anns na beachdan aca a' gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh atharrachadh agus leasachadh?</p>	
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn a' cosnadhle agus a' toirttaic do phàrantan cloinne agus òganaich a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhì-leasaichte againn? • A bheil sinn a' gabhail a-steach ciorraman agus/no duilgheadas cànan aig pàrantan a dh'fhaodadh a bhith na cnap-starra dhaibh ann an taic a thoirt don phàiste aca? • A bheil sinn air curraicealam aig astar / co-mheasgaichte ceart a phlanadh far am faod pàrantan agus clann ionnsachadh còmhla? • A bheil sinn air cùisean a chur air dòigh gus taic a thoirt do phàrantan nuair a tha am pàiste aca ag ionnsachadh bhon taigh? • A bheil sinn air planadh gu h-èifeachdail gus taic a thoirt do phàrantan, a' dèanamh ùine gu leòr airson seo? 	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn a' brosnachadh cosnachadh phàrantan gus ceartas a ruigsinn agus a' toirttaic don sgoiltean aca seo a dhèanamh? • A bheil sinn a' toirt taic do sgoiltean gus curraicealam ceart aig astar / co-mheasgaichte a sholarachadh? • A bheil sinn a' dèanamh cinnteach gum faigh clann agus òganaich le eòlas air cùram buaidh bho dhòighean-obrach nan sgoil againn ro chosnachadh phàrantan?

Teaghlaidhean agus coimhearsnachdan

h) A' co-obrachadh le com-pàirtichean

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail

- Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail ag obair le sreath fharsaing de chom-pàirtichean gus cothroman beatha cloinne agus òganaich a' fuireach anns na coimhearsnachdan agus suidheachaidhean as mhi-leasaichte a leasachadh. Mar eisimpleir, ionnsachadh agus leasachadh na coimhearsnachd, sìc-eòlaichean foghlaim, leasaichean cainnt is cànan agus buidhnean an treas earrainn.
- Amas air cnapan-starra bho dhùbhlain shòiseo-eaconomaigeach a thoirt air falbh. Tha seo a' gabhail a-steach a' solarachadh chloinne agus theaghlaidhean le lionradh taic tro mhodh-obrach iomadh-bhuidhneil èifeachdail.
- Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail ag obair le com-pàirtichean gus eòlasan agus cothroman a bharrachd a thoirt do chloinn agus òganaich gus am faod iad pàirt a ghabhail ann an sreath ghnìomhachasan taobh a-muigh a' churraicealaim, mar spòrs, ionnsachadh taobh a-muigh agus coileanadh pearsanta.

Ceistean dùbhlain

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn an sreath de chom-pàirtichean anns a' choimhearsnachd ionadail againn a dh'fhaodadh taic a thoirt do na dòighean-obrach againn gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho fad 's a bhios an sgoil againn a' dèanamh cleachdadh èifeachdail sreath fharsaing de chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta gus builean a leasachadh airson luchd-ionnsachaidh? Ciamar a tha fios againn gu bheil seo a' dèanamh diofar agus a' leantainn gu ceartas? • Dè cho fad 's a tha sinn ag obair còmhla ri com-pàirtichean ann am planadh, libhrigeadh agus measadh na h-obrach againn gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho fad 's a tha fios aig a' chloinn agus na h-òganaich againn air sreath chothroman airson coileanadh pearsanta anns an sgoil aca agus anns a' choimhearsnachd? A bheil seo a' cur ri in-ghabhaladh agus a' cuideachadh ann an ceartas a ruigsinn airson luchd-ionnsachaidh san sgoil againn? • Dè cho fad 's a tha comas againn clòthadh an aghaidh dùbhlain chom-pàirteachais ag obair ann an ceàrnann iomallach? 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha sinn ann an taic a thoirt do sgoiltean gus cothroman-inntrigidh fhaighinn air sreath fharsaing chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta gus builean a leasachadh airson luchd-ionnsachaidh? • Dè cho fad 's a tha sinn ag obair còmhla ri com-pàirtichean ann am planadh, libhrigeadh agus measadh na h-obrach againn gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho fad 's a tha sinn a' brosnachadh agus a' toirt taic do chom-pàirtichean a chuidicheas gus ceartas a ruigsinn? • Dè cho fad 's a tha fios aig a' chloinn agus na h-òganaich againn air sreath chothroman airson coileanadh pearsanta anns a' choimhearsnachd? A bheil seo a' cur ri in-ghabhaladh agus a' cuideachadh gus ceartas a ruigsinn airson luchd-ionnsachaidh san ùghdarras ionadail againn agus thar na sgìre? • Dè cho èifeachdail 's a tha an co-obrachadh eadar foghlam agus obair shòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil Maoineachadh Clann agus Òganaich le Eòlas Cùraim a' leasachadh chothroman beatha?

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil modhan conaltradh agus co-thadhal againn stèidhichte mar-thà le com-pàirtichean gus a h-uile duine cuideachadh ann an obair còmhla aig astar?
- A bheil sinn air planadh gu h-èifeachdail agus ùine a chur seachad gus obair chom-pàirteachais matha fhurastachadh còmhla ri feadhainn eile sa choimhearsnachd againn?
- A bheil sinn a' tuigsinn an t-sreath de chom-pàirtichean anns a' choimhearsnachd ionadail againn a dh'fhaodadh taic a thoirt do na tha sinn a' tairgseachadh do chloinn agus theaghlaichean?
- A bheil sinn ag obair còmhla ri com-pàirtichean ann am planadh, libhrigeadh agus measadh na h-obrach againn gus ceartas a ruigsinn?

Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:

- A bheil sinn a' toirt taic do sgoiltean gus cothroman-inntrigidh fhaighinn air sreath fharsaing de chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta?
- A bheil sinn ag obair còmhla ri com-pàirtichean ann am planadh, libhrigeadh agus measadh na h-obrach againn gus ceartas a ruigsinn?
- A bheil an co-obrachadh eadar foghlam agus obair shòisealta èifeachdail ann an dèanamh cinnteach gu bheil Maoin Clann agus Òganaich le Eòlas Cùraim a' solarachadh taic èifeachdail rè na h-ùine ath-bhuannachd?

Teaghlaichean agus coimhearsnachdan

i) Cosg latha na sgoile

Comharran dhòighean-obrach àrd-èifeachdail





- Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail frionasach air teaghlaichean aig a bheil dùbhlain shòiseo-eaconomaigeach. Thèid spèis a thoirt do urram theaghlaichean agus aig an aon àm thathar a' dèanamh cinnteach nach caill clann agus òganaich a-mach air cothroman agus eòlasan air sgàth chnapan-starra ionmhasail.
- Tha ullachaidhean ann gus dèanamh cinnteach gum faod clann agus òganaich eòlasan a bharrachd fhaighinn, mar turasan agus eòlasan còmhnaidheach. Tha eadar-ghabhailean targaidichte, mar clubaichean bracaist agus prògraman nan làithean-saora, a' dèanamh cinnteach nach bi clann agus òganaich a' caill a-mach air sgàth an acrais.
- Bidh sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a' sgrùdadh agus ag atharrachadh na modhan-obrach aca air cosgaisean ceangailte ri latha na sgoile. Mar eisimpleir, a' toirt air falbh cosgaisean a bharrachd airson chuspairean a' churraicealaim, mothalachd a thaobh togail airgead agus fìor-lùghdachadh tachartasan mar làithean gun deise-sgoile.

Ceistean dùbhlán

Airson sgoiltean agus anns an t-seòmar-teagaisg	Airson ùghdarrasan ionadail agus co-obrachaidhean adhartach na sgìre
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a rinn sinn sgrùdadh air poileasaidhean agus modhan-obrach na sgoile againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn clòthadh chnapan-starra a bharrachd a dh'fhaodadh cur an aghaidh cloinne agus òganaich a' gabhail pàirt anns a h-uile taobh an fhoghlaim aca? • Dè cho math 's a fhreagras luchd-obrach agus com-pàirtichean ri feumalachdan clann agus teaghlaichean aig a bheil cnapan-starra air sgàth suidheachaidhean sòiseo-eaconomaigeach? • Dè cho fad 's a tha tuigse neo-èisleanach aig luchd-obrach air an fheum gus dèanamh cinnteach nach chuireas cosg latha na sgoile cuid chloinne agus òganaich a-mach às na cothroman a sholaras sinn? • Dè cho èifeachdail 's a choisinneas sinn le clann, pàrantan agus com-pàirtichean ann an sgrùdadh a dhèanamh air cosg latha na sgoile? Dè cho fad 's a ghabhas sinn iad a-steach 	<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha sinn ann an taic agus cumhachd a thoirt do sgoiltean ann an clòthadh cosg latha na sgoile? • Dè cho fad 's a chlàthas poileasaidhean agus modhan-obrach an ùghdarras ionadail againn cnapan-starra a bharrachd a dh'fhaodadh cur an aghaidh chloinne agus òganaich a' gabhail pàirt anns a h-uile taobh an fhoghlaim aca? • Dè am poileasaidh agus na modhan-obrach againn a tha ann gus dèanamh cinnteach gum faod sgoilear sam bith, a dh'fhaodadh a bhith ionnsachadh bhon taigh, inntrigeadh fhaighinn dhan ionnsachadh aca gu didseatach? • Dè cho math 's a tha sinn a' solarachadh ghoireasan no taic a bharrachd sam bith do sgoiltean gus an cuideachadh ann an cùisean ceangailte ri cosg latha na sgoile a chur ceart? Dè cho èifeachdail is a tha an taic seo air ceartas a ruigsinn?


<p>ann an co-dhùnaidhean ionmhasail a dhèanamh?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho fad 's a bheachd sinn air mar a sheallas sinn 	
<p>am buaidh a bh' aig na h-eadar-gabhailean agus dòighean-obrach againn?</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math 's a tha sinn a' tracadh agus a' cumail sùil air an adhartas againn agus a' dèanamh ceartas cinnteach? Ciamar as b' urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil seo a' leantainn air ma tha clann ag ionnsachadh bhon taigh? 	
<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil sinn air sgrùdadh a dhèanamh air modhan-obrach na sgoile againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn clòthadh cnapan-starra a bharrachd a dh'fhaodadh cur an aghaidh chloinne agus òganaich a' gabhail pàirt anns a h-uile taobh den fhoghlam aca? • A bheil sinn air planadh gus taic a thoirt do theaghlaichean le cùisean bochdainn connadh, biadh no dàta? • A bheil modhan-obrach againn ann far am faod clann an ionnsachadh aca fhaighinn air loidhne ma tha iad ag ionnsachadh bhon taigh tro sholarachadh bathar-cruaidh agus dàta ma tha seo riatanach? • A bheil luchd-obrach a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan airson gnìomhachasan planaichte, adhartach ruigheachdail airson a h-uile duine? 	<p>Aig an àm seo de dh'ath-bhuannachd fhoghlaim, dè cho fad 's:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A bheil na poileasaidhean agus modhan-obrach an ùghdarras ionadail againn a' clòthadh chnapan-starra a bharrachd a dh'fhaodadh cur an aghaidh chloinne agus òganaich a' gabhail pàirt anns a h-uile taobh den fhoghlam aca? • A bheil na poileasaidhean agus modhan-obrach againn a' dèanamh cinnteach gum faod a h-uile sgoilear ag ionnsachadh bhon taigh an ionnsachadh aca fhaighinn gu didseatach? • A bheil modhan-obrach againn ann far am faod clann an ionnsachadh aca fhaighinn air loidhne ma tha iad ag ionnsachadh bhon taigh tro sholarachadh bathar-cruaidh agus dàta ma tha seo riatanach?

Eàrr-ràdh 1 – A’ dùnadh na beàirn coileanaidh: 11 prìomhachasan




Ceudad de dhaoine a' fàgail na sgoile le 1 no barrachd theisteanasan aig Ìre 4 SCQF no nas fheàrr, le Quintile SIMD.

Bun-ìoidhne (2015/16), Às Ùire (2018/19) agus Amasan Searradh airson 2024/25




Ceudad de dhaoine a' fàgail na sgoile le 1 no barrachd theisteanasan aig Ìre 5 SCQF no nas fheàrr, le Quintile SIMD.

Bun-ìoidhne (2015/16), Às Ùire (2018/19) agus Amasan Searradh airson 2024/25




Ceudad de dhaoine a' fàgail na sgoile le 1 no barrachd theisteanasan aig Ìre 6 SCQF no nas fheàrr, le Quintile SIMD.

Bun-ìoidhne (2015/16), Às Ùire (2018/19) agus Amasan Searradh airson 2024/25




Co-rèir na cloinne eadar aoisean 4-12 aig an robh sgòr iomlan dhuilgheadasan oirthreach no meangach, le Quintile SIMD.

Bun-ìoidhne (2012-15), Às Ùire (2015-18) agus Amasan Searradh airson 2020-23




Co-rèir na cloinne aig aois 13 agus 15 aig an robh sgòr iomlain dhuilgheadasan oirthreach no meangach, le Quintile SIMD.

Bun-loidhne (2015), Às Ùire (2018) agus Amasan Searradh airson 2023




Ceudad de dh'òganaich eadar aoisean 16-19 a' gabhail pàirt ann am foghlam, trèanadh no obair, le Quintile SIMD.

Bun-loidhne (2016/17), Às Ùire (2017/18) agus Amasan Searradh airson 2024/25



Ceudad de chloinn aig nach eil dragh thar a h-uile àrainn aig Lèirmheas Slàinte a' Fhàiste 27-30 mìosan aca, le Quintile SIMD.

Bun-loidhne (2015/16), Às Ùire (2017/18) agus Amasan Searradh airson 2019/20



Eàrr-ràdh 2 - Ceanglaichean ri sgrùdaidhean an ùghdarrals ionadail

- Dè cho math 's a tha ùghdarrasan Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba a' leasachadh ionnsachadh, a' togail coileanadh agus a' dùnadh na beàirn coileanaidh bochdainn? **Geàrr-aithisg.**
<https://education.gov.scot/Documents/SACSummaryReport.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/insclacks191218.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Baile Dhùn Dhè** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/dundeecitycouncilins250618.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Àir an Ear** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/eastayrshirelains070319.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Baile Ghlaschu** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/glasgowlains110319.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Inbhir Chluaidh** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/inverclydecouncilins301018.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Àir a Tuath** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/northayrshirecouncil020718.pdf>
- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bochdainn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/northlanarkshirecouncilinspection.pdf>

- Sgrùdadh air Ùghdarrasan Ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Rinn Friù** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bho chdinn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/renfrewshireila190219.pdf>
- Sgrùdadh air ùghdarrasan ionadail: Dè cho math 's a tha **Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar** ann an ionnsachadh a leasachadh, coileanadh a thogail agus a' bheàrn ruigsinneachd bho chdinn a dhùnadh?
<https://education.gov.scot/assets/contactorganisationinspectionreports/westdunbartonshirecouncilins010518.pdf>

Eàrr-ràdh 3 – Ceanglaichean feumail eile

- Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba – Riaghaltas na h-Alba_
<https://www.gov.scot/policies/schools/pupil-attainment/>
- Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba – Foghlam Alba
<https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/Scottish%20Attainment%20Challenge>
- Maoin Coileanaidh na h-Alba aithisg eadar-amail (bliadhna 1 agus 2): measadh
<https://beta.gov.scot/publications/evaluation-attainment-scotland-fund-interim-report-years-1-2/>
- Measadh air Maoin Coileanaidh na h-Alba: aithisg eadar-amail (bliadhna 3)
<https://www.gov.scot/publications/evaluation-attainment-scotland-fund-interim-report-year-3/>
- Measadh air Maoin Coileanaidh na h-Alba: suirbhìdh ceannardan 2018
<https://www.gov.scot/publications/evaluation-attainment-scotland-fund-headteacher-survey-2018/>
- Measadh air Maoin Coileanaidh na h-Alba: rannsachaidhean cùise na sgoile
<https://www.gov.scot/publications/evaluation-attainment-scotland-fund-school-case-studies/>
- Measadh air Maoin Coileanaidh na h-Alba - Analais air Suirbhìdh Bheag nan Ùghdarras Ionadail – Samhradh 2018
<https://beta.gov.scot/publications/evaluation-attainment-scotland-fund-analysis-local-authority-mini-survey-summer/>
- Gach Pàiste Gach Cothrom: A' Phlana airson lìbhrigeadh dol an sàs bochdainn na cloinne 2018-2022
<https://www.gov.scot/publications/child-chance-tackling-child-poverty-delivery-plan-2018-22/>
- Eadar-ghabhailean airson Ceartas
<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/Interventions%20for%20Equity>
- Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba: Seata Innealan airson Ionnsachadh & Teagasg <https://education.gov.scot/improvement/Pages/EEF-Toolkit.aspx>

- 2018 Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta agus Plana Leasachaidh airson Foghlam Albannach
<https://www.gov.scot/publications/2018-national-improvement-framework-improvement-plan/pages/5/>
- Aithisg Fianais Eadar-Ghniomhach Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta
<https://public.tableau.com/profile/sg.eas.learninganalysis#!/vizhome/NIFInteractiveEvidenceReport/FrontPage>
- Ionnsaichidh Alba – Foghlam Alba
<https://education.gov.scot/improvement/scotland-learns/>
- CLD, Bochdainn agus Ceartas Sòisealta - Wakelet
<https://wakelet.com/wake/6c48f6c4-8e25-45d2-8f21-31a5c2243ab7>
- Cosg Latha na Sgoile - a' briseadh nan cnap-starra ionmhasail ro fhoghlam <https://cpag.org.uk/scotland/cost-school-day>
- An Caidreachas Bochdainn - ag obair còmhla an aghaidh na bochdainne <https://www.povertyalliance.org/>